

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

PLANA GNÌOMH LE BÒRD NA GÀIDHLIG GA THOIRT DHAN RIAGHALTAS

21 An Dùblachd 2009

Tha Bòrd na Gàidhlig, a' phriomh bhuidheann leasachaидh poblach le uallach airson a bhith a' brosnachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig, air Plana Gniomh a chur chun Riaghaltas, a' mineachadh am planaichean airson astar a chur anns an àireamh a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus ga cleachdad, agus cuideachd dòighean nas èifeachdaiche air a bhith ag obair agus a' cleachdad stòrais.

Nas tràithe air an t-samhradh, nuair a bha e a' tadhail air grunn bhuidhnean agus tachartasan air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean, chuir Mìcheal Ruiséal, a bha aig an àm na Mhiniestir airson na Gàidhlig, impidh air a' Bhòrd ceumannan fior adhartach a ghabhail airson barrachd dhaoine a mhisneachadh gu bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig; dh'iarr e cuideachd gum bu chòir dhan Bhòrd coimhead, mar phriomh amas, ri dòighean air ginealach ùr na Gàidhlig a chruthachadh. Aig coinneamh leis a' Bhòrd anns an Lùnastal dh'iarr am Ministear Plana Gniomh a dheasachadh le focas air iomairtean a bhiodh adhartach agus cothromach, a dhearbhadh dòighean èifeachdach air stòras agus structaran a chur an-sàs.

'S e "Ginealach Ùr na Gàidhlig" am Plana Gniomh a chaidh a dhealbh an dèidh do Bhòrd na Gàidhlig a bhith an coluadair le buidhnean a tha a' riochdachadh coimhleasachdan na Gàidhlig, agus buidhnean libhrigidh a tha aig a' cheart àm an-sàs ann an leasachaidhean.

Thuirt Art MacCarraig, Cathraiche a' Bhùird, "Tha amasan teann agus sìmplidh aig a' Phlana seo, a ghabhas coileanadh. Tha e stèidhichte air a bhith a' gabhail ceumannan a tha practaigeach agus deatamach airson àireamhan luchd-cleachdaidh na Gàidhlig an Alba a thogail agus tha rùintean misneachail sa bhunait. Tha an Aithisg ag amas air còig prìomh raointean: taic do phàrantan, taic foillsichidh agus misneachaidh; ionnsachadh a-measg inbheach; foghlam aois 0-3, agus foghlam aois 3-18. Tha an Aithisg a' moladh grunn iomairtean ro-innleachdail taobh staigh crìochan ionmhais a th'air an comharrachadh, agus le clàr-ama a tha mionaideach. Bidh an Aithisg mar dhrochaid eadar am Plana Nàiseanta mar th'ann an dràsta agus an ath Phlana.

Chan urrainn dhuinn cor na Gàidhlig a leasachadh an aon latha, no taobh-staigh geàrr-ùine. Ged a chanadh cuid nach do shoirbhich leinn gu ruige seo, tha dearbhadh againn gu bheil àireamhan a' fàs ann an sgoiltean agus gu bheil crionadh a-measg luchd-cleachdaidh san

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



fharsaingeachd air a bhith a' cothromachadh. Tha am Plana seo a' mìneachadh innleachdan a ghabhadh cleachdadhbh airson astar a chur ri fàs anns na h-àireamhan. Tha e fior dheatamach gun tuig sinn dè tha a' gluasad agus a' misneachadh dhaoine gu bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus le deagh rùn. 'S dòcha gur e pròis nàiseanta, tomhas air eachdraidh, miann son a bhith a' tuigsinn ainmean-àite na dùthcha, taic a chumail ri cloinn san dachaigh le obair-sgoile, tuigse air briathrachas òrain, a bhith ag ionnsachadh cànan mar chur-seachad no son obair fhaotainn. 'S e an t-amas againn cothroman Gàidhlig ionnsachadh a dhèanamh furasta agus tarraingeach.

Tha e fior chudromach do Bhòrd na Gàidhlig gum bi luchd na Gàidhlig iad fhèin a' cuideachadh leis a' ghniomh. Tha mòran aig daoine a th'air a bhith a' cleachdadhbh na Gàidhlig fad am beatha ri chur ri beairteas agus brìgh na Gàidhlig mar a thathas a' leasachadh chùisean agus i air a labhairt leis a h-uile duine."

Bidh na còig raointean obrach anns a' Phlana Gnìomh nis nam prìomh amasan aig a' Bhòrd airson 18 miosan bhon Fhaoilleanach seo tighinn.

Thèid molaidhean a' Phlana Gnìomh fhoillseachadh an dèidh còmhraidean le, agus aonta Mhinistearan, agus tha Bòrd na Gàidhlig an dòchas a bhith ann an suidheachadh gluasad air cùisean tràth anns a' Bhliadhna' Ùir.

Thuirt Mghr MacCarmaig: "Tha mi air mo mhòr-mhisneachadh leis an obair a rinneadh le luchd-obrach a' Bhùird agus buill an Sgioba Stiùiridh eadar-amail thar nam miosan a chaidh. Tha am Plana Gnìomh seo a' dol chun Riaghaltais mar chaidh iarraidh ron Nollaige le amasan adhartach, agus 's e fior cheum chudromach a tha seo, an-lùib leasachaidhean eile air fastadh luchd-obrach airson structar ùr agus freagarrach. Tha raon farsaing de dh'obair ron Bhòrd agus le barrachd luchd-obrach anns a' Bhliadhna' Ùir. Tha mise creidsinn gum bi sin gar fàgail ann an suidheachadh nas dòchasaiche Ceannard ùr a lorg mar a bha nar rùn aig toiseach na bliadhna."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG SUBMITS ACTION PLAN ON LEARNING AND USING GAELIC

21 December 2009

Bòrd na Gàidhlig, the principal public body promoting and developing Gaelic, has submitted an Action Plan to Scottish Ministers detailing its proposals for an acceleration in the number of people learning and using Gaelic and also more effective use of existing resources and structures.

In the summer of 2009, during visits to a number of events and organisations throughout the Highlands and Islands, the then Minister for Gaelic, Michael Russell MSP, emphasised the need to take radical steps to motivate more people to learn Gaelic and to address, as a priority, the issue of creating a new generation of Gaelic speakers. At a meeting with Bòrd na Gàidhlig in Inverness on 20 August 2009, the Minister asked the Bòrd to draw up a new Action Plan for Gaelic which would focus on rapid and realistic initiatives ensuring the wise and more effective use of existing resources and structures.

The Action Plan “Ginealach Ur na Gàidhlig” is the outcome of discussions between the Bòrd and Gaelic organisations representing the community, and delivery agents already involved in key areas of Gaelic development.

Arthur Cormack, Cathraiche (Chair) of Bord na Gaidhlig, said: “The Minister asked us to identify £600k additional funding within existing budgets to channel towards additional acquisition projects, to examine current delivery mechanisms we have in place and find more effective ways of using current funding to increase speakers and to find ways of supporting councils to increase the numbers of Gaelic speakers through work in schools. This Action Plan has tight, simple and achievable aims. It is about taking practical and urgent steps to increase the number of Gaelic speakers in Scotland and it aspires to ambitious outcomes. It focuses on five key areas: Parental Support, Promotion, Adult Learning, Education (0-3) and Education (3-18), offering strategic actions within affordable financial parameters and clear timeframes. This Plan supports the National Plan for Gaelic 2007-12 and the requirements [R1] of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, reprioritising resources and actions to produce an incremental increase in language acquisition. It will act as a bridge between the current National Plan and the next one. Securing the future of a language cannot be achieved overnight or in a short timescale. This Plan puts in place some strategies to accelerate the growth in the number of Gaelic speakers. Key to encouraging the learning of Gaelic is an understanding of what motivates

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



people to learn and positive attitudes towards the language must be fostered. Whether it is a matter of national pride, a sense of history, a desire to better understand the place-names of Scotland, helping children do their homework, understanding the words of a learning a language as a pastime or to secure employment, our aim is to make the learning of Gaelic attractive and accessible. Bòrd na Gàidhlig wants Gaelic speakers to help with this task. Gaelic speakers who have spoken the language all their lives have a great deal to contribute to the richness and quality of the language as it develops and is spoken by all."

There are five Priority Action Areas in the Plan with specific actions, outcomes, costs and Key Performance Indicators (KPIs) detailed under each. Other Actions that may take longer to achieve are also suggested. Delivering this Action Plan will be Bòrd na Gàidhlig's priority for the period January 2010 to June 2011.

The 5 Priority Action Areas are:

ACTION AREA 1: SUPPORT FOR PARENTS

ACTION AREA 2: PROMOTION OF GAELIC ACQUISITION

ACTION AREA 3: ADULT LEARNING

ACTION AREA 4: 0-5 YEARS EDUCATION

Details of the proposals contained in the Action Plan will be made available following discussion with Ministers and Bòrd na Gàidhlig hopes to be able to begin work on the outcomes of these discussions early in the New year.

Mr Cormack said: "I am hugely encouraged by the work done by staff at Bòrd na Gàidhlig and the Interim Support Management team in recent months. The submission of this Action Plan, on time and with ambitious targets, along with the fact that we have completed the tasks we set ourselves in employing new staff to ensure that the Bòrd itself is fit for purpose, is a major step forward. I am bitterly disappointed with criticism directed at individuals involved in this process by others who should know better. The Bòrd now has a range of possibilities to work on with a full complement of staff in place for the start of the new year and I believe that will make it a much more reasonable task to find a new CEO to lead the organisation at the start of the year as we had always planned."